

<b>DREUCHD</b>	Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
<b>ROINN</b>	Rianachd
<b>FO STIÙIR</b>	Prionnsapal na Colaiste
<b>FO UR STIÙIR</b>	Chan eil duine
<b>ÌRE PÀIGHIDH</b>	J1 £28,984 - £34,238
<b>ÀITE-OBACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, Slèite, An t-Eilean Sgitheanach, IV44 8QR

### PRÌOMH ADHBHAR NA H-OBACH

Bidh an neach-dreuchd a' stiùireadh na h-obrach gus dèanamh cinnteach gun tèid plana Gàidhlig agus poileasaidhean Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig a chur an sàs air feadh na Colaiste agus gun tèid na prìomh bhuilean a libhrigeadh. Bidh sibh ag obair còmhla ri diofar luchd-ùidhe, agus bidh sibh a' cuideachadh gus dàimh nas làidire a thogail leis a' choimhearsnachd agus e na amas Gàidhlig a ghleidheadh, a chur air adhart agus ath-nuadhachadh. Seo geàrr-chunntas air prìomh adhbhar na h-obrach:

- Luchd-obrach, oileanaich is daoine eile a bhrosnachadh gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig air làrach na Colaiste.
- Poileasaidh Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig a chur an gnìomh agus sgrùdadh a dhèanamh air cho èifeachdach 's a tha e.
- A' stiùireadh na h-obrach gus Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig a dhealbhadh is a chur an gnìomh agus gus ath-sgrùdadh a dhèanamh air, agus sibh ag obair le roinnean freagarrach.
- Cothroman a stèidheachadh gus conaltradh a dhèanamh is ceanglaichean a thogail ri coimhearsnachdan, agus sibh ag obair còmhla ri luchd-compàirt taobh a-muigh agus taobh a-staigh na Colaiste.

### PRÌOMH DHLEASTANASAN

#### A' Cleachdadh Gàidhlig

- A' dèanamh rannsachadh air, a' dealbhadh, a' cur an gnìomh agus a' dèanamh measadh air pròiseactan a chuidicheas le bhith a' toirt Plana Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig gu buil.
- A' cur air dòigh agus a' toirt seachad chothroman còmhraidh sa Ghàidhlig ann an suidheachaidhean neo-fhoirmeil do luchd-obrach is luchd-gabhail.
- A' cruthachadh prògram poblach bliadhnail de thachartasan Gàidhlig agus a' toirt taic do mar a thèid a chur an gnìomh, ann an com-pàirt ri buidhnean ionadail (leithid sgoiltean, buidhnean coimhearsnachd).
- A' cur a-steach airson maoinachadh a bheir taic do dh'obair gus Gàidhlig a chur air adhart, agus sibh ag obair le luchd-compàirt nuair a bhios sin iomchaidh, agus gus measadh, sgrùdadh is aithris a dhèanamh air an obair sin.
- A' toirt comhairle is taic do Cheannardan nan Roinnean gus poileasaidh Gàidhlig Shabhal Mòr Ostaig a chur an gnìomh, agus sibh a' stiùireadh mar a thèid dòighean-obrach atharrachadh.

#### Ag Ionnsachadh Gàidhlig is Sgilean Gàidhlig

- A' dèanamh sgrùdadh bliadhnail air sgilean cànan an luchd-obrach air feadh na Colaiste gus feumalachdan trèanaidh a chomharrachadh agus gus frithealadh air na feumalachdan sin.

- A' cur air dòigh is a' libhrigeadh trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig do luchd-obrach gus cur ris an tuigse a th' aca air a' Ghàidhlig agus gus am bi i air a cleachdadh barrachd leotha.
- Ag obair còmhla ri Manaidsearan agus ris a' Cheannard Sgiobachd gus cothroman a chomharrachadh airson an cànana a thoirt air adhart agus a' dealbh trèanadh Gàidhlig freagarrach do luchd-obrach.
- Ag obair còmhla ri manaidsearan agus luchd-obrach gus planaichean ionnsachaidh pearsanta a chruthachadh airson piseach a thoirt air sgilean Gàidhlig dhaoine agus gus sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh air na planaichean sin.

### A' Cur na Gàidhlig air Adhart

- A' togail agus a' gleidheadh cheanglaichean obrach làidir ri Comann nan Oileanach, Seirbheisean Oileanach, Seirbheisean an Leabharlainn agus Roinn an Fhoghlaim, agus sibh a' toirt taic do ar n-àrainneachd ionnsachaidh Ghàidhlig.
- A' cuideachadh le tachartasan airson oileanaich aig Sabhal Mòr Ostaig, leithid làithean fosgailte, seachdain inntigridh nan oileanach, agus tachartasan sanasachd is trusaidh air-loidhne.
- A' toirt comhairle is stiùireadh do bhuidhnean eile a tha stèidhichte air làrach na Colaiste gus poileasaidhean cànana a dhealbhadh is a chur an sàs dhaibh fhèin.

### Aithrisean is aithisgean

- A' toirt taic rùnaireachd do Chomataidh Ghàidhlig Shabhal Mòr Ostaig air a bheil riochdairean bho air feadh na Colaiste.
- A' cur aithisgean adhartais bliadhnail a-steach gu Bòrd na Gàidhlig a thaobh adhartas leis a' Phlana Ghàidhlig againn.
- Ag ullachadh aithisgean dha Àrd-mhanaidsearan, a' Bhuidheann Stiùiridh, Bòrd na Gàidhlig agus luchd-maoineachaidh eile.
- A' dèanamh cinnteach gu bheil fios agaibh air reachdas, poileasaidhean agus sàr mhodhan-obrach co-cheangailte ris a' Ghàidhlig.
- A' riochdachadh Shabhal Mòr Ostaig aig gach comataidh, tachartas agus Bòrd freagarrach taobh a-muigh na Colaiste mar as iomchaidh, a' gabhail a-steach thachartasan nàiseanta.

### Dleastanasan eile

- A' dèanamh obair eile mar a thèid iarraidh oirbh leis a' Cholaiste bho àm gu àm.

### Na Prìomh Dhaoine ris a bheil Dàimh-obrach agaibh

- A' Bhuidheann Stiùiridh
- A' Chomataidh Ghàidhlig
- Manaidsearan bho air feadh na Colaiste

**Comasan an neach-obrach**

<b>Comasan</b>	<b>Riathanach</b>	<b>Nam Buannachd</b>
Teisteanasan agus trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Teisteanas aig ìre Ceuma no teisteanas co-ionann ri sin</li> </ul>	
Eòlas is Fèin-fhiosrachadh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Eòlas air a bhith a' cur na Gàidhlig air adhart</li> <li>• Eòlas air Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig</li> <li>• Eòlas air planadh cànan</li> <li>• Eòlas agaibh air a bhith a' cur planadh cànan an sàs</li> <li>• Eòlas agaibh air rannsachadh, obair sgrùdaidh agus a bhith a' sgrìobhadh aithisgean</li> <li>• Eòlas air a bhith a' conaltradh ri diofar luchd-ùidhe agus air a bhith ag obair air planaichean-gnìomh leotha</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Eòlas air raon an fhoghlaim</li> <li>• Eòlas air a bhith a' cruthachadh phoileasaidhean</li> <li>• Eòlas air trèanadh ann an sgilean Gàidhlig</li> </ul>
Sgilean/Comasan (airson na dreuchd)	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Fileanta sa Ghàidhlig (ga bruidhinn, ga sgrìobhadh, agus ga leughadh)</li> <li>• Eòlas agus tuigse air toraidhean rannsachaidh a thaobh phoileasaidhean is planadh cànan aig ìre obrach agus ìre ro-innleachdail</li> <li>• Eòlas air a bhith a' togail cheanglaichean ri diofar luchd-ùidhe</li> <li>• Comasach dhuibh smaoineachadh ann an dòigh innleachdach nuair a tha sibh a' dealbhadh chothroman trèanaidh gus frithealadh air feumalachdan ionnsachaidh sònraichte</li> <li>• Sgilean TFC matha, a' gabhail a-steach MS Office</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Eòlas agus tuigse air toraidhean rannsachaidh a thaobh mar a bhios inbhich ag ionnsachadh chànan an lùib bhuidhnean</li> <li>• A' stiùireadh bhuidseatan</li> </ul>
Feartan, sgilean agus luachan pearsanta	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Neach-labhairt Gàidhlig fileanta as urrainn Gàidhlig a sgrìobhadh aig àrd-ìre</li> <li>• Eòlas air cultar na Gàidhlig</li> <li>• 'S urrainn dhuibh dearbhadh gu bheil dìoghras agaibh dhan Ghàidhlig</li> <li>• Eòlas air poileasaidhean nàiseanta is ionadail buntainneach</li> <li>• Sàr sgilean conaltraidh is eadar-phearsanta</li> <li>• Fìor mhath air rian a chumail air an ùine agus obair agaibh</li> <li>• Thèid agaibh air a bhith ag obair air ur ceann fhèin gun mòran stiùiridh sam bith</li> <li>• 'S urrainn dhuibh ceanglaichean obrach làidir a thogail le co-obraichean agus sibh a' brosnachadh co-obrachadh eadaraibh</li> </ul>	

**Uairean gach seachdain**

Thathar a' cur fàilte air iarrtasan bho thagraichean a tha airson a bhith ag obair làn-ùine no pàirt-ùine. 'S e a th' ann an làn-ùine, 35 uairean a thìde gach seachdain, Diluain gu Dihaoine. Dh'fhaodadh gum bi agaibh ri uairean a bharrachd a dhèanamh bho àm gu àm, ma bhios daoine dheth air làithean-saora no ma tha iad dheth tinn.

**Fòrladh Bliadhnail**

35 làithean a' gabhail a-steach làithean-saora poblach (bidh agaibh ri 10-12 latha a ghabhail dheth aig àm na Nollaig).

**Ìre Pàighidh:**

J1 £28,984 - £34,238 gach bliadhna, a rèir an eòlais a th' agaibh.

Thèid ur pàigheadh air an latha-obrach mu dheireadh dhen mhìos agus am pàigheadh agaibh a' dol a-steach dhan chunntas-bhanca a bheir sibh dhuinn.

Tha sgeama-peinnsein aig a' Cholaiste a tha fosgailte dhan a h-uile neach-obrach.

Gus luchd-obrach a chuideachadh le bhith a' toirt sàr sheirbheis seachad, agus gus cuideachadh le bhith a' comharrachadh fheumalachdan trèanaidh agus leasachadh pearsanta a chur an sàs airson gach neach-obrach, bidh neach-stiùiridh no manaidsear a h-uile neach-obrach a' dèanamh measadh-obrach còmhla riutha gach bliadhna.

**Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' dèanamh oidhirp gus taic a thoirt dhuibh ann a bhith a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig agaibh agus gheibh sibh cothrom air diofar chothroman ionnsachaidh mu choinneimh sin.**